

**B2**

# Speak Gaelic

**Leughadh | Reading**

25 PUINGEAN | 25 POINTS [25%]



## 1. Earrann a h-Aon | Passage One

[11 PUINGEAN]

Leugh an earrann gu h-ìosal agus freagair ceistean 1- 10 às a dèidh.

Read the passage below and answer questions 1- 10 after it.

O chionn ghoirid ghabh sinn turas a dh'Eilean a' Cheò, far a bheil na ceudan a' tadhal gach bliadhna. Fhuair sinn cuireadh on uasal chòir, an Ridire Reginald, gu oidhche a chur seachad air aoigheachd ann an Caisteal Dhùn Bheagain. Is e a dh'fhàg an t-sochair seo cho mòr nar beachd gu bheil an sean chaisteal cho iomraiteach an eachdraidh. An uair a thàinig àm cadail chaidh ar treòrachadh leis an uasal a dh'ainmich sinn dhan t-Seòmar Bhuidhe a tha anns a' cheàrn den chaisteal ris an canar Tùr na Mnà Sìthe. Tha an Seòmar Buidhe mu dheich troighean fichead air fad agus mu sheachd troighean deug air leud, le dà uinneig fharsaing àird ag amharc a-mach os cionn creige a tha ag èirigh às a' mhuir aig bonn na lùchairt. Is e seo an earrann den chaisteal anns an cualas Tàladh na Mnà Sìthe, agus is ann uaithe sin a fhuair an tùr an t-ainm.

Am marbh na h-oidhche, an uair a chaidh na solais às, bu nàdarrach gun cuimhnicheamaid air iomadh sgeul mu nithean a thachair anns an àite seo. Agus is lìonmhor smuain thaitneach is annasach a thàinig gu ar n-inntinn anns an dorchadas. Thug sinn gu mionaideach fa-near na facail aig an t-seann tàladh: "Chan ann de Chloinn Choinnich thu; chan ann de Chloinn Chuinn thu; dè shìol bu dòcha leinn thu; Sìol Leòid nan long, nan lann, nan lùireach, b' i Lochlann dùthaich do shinnsir." Cha b' iongnadh ged a thigeadh facail eile gu ar n-aire o Mhàiri Nighean Alasdair Ruaidh, a bha a' còmhnaidh anns a' chaisteal seo ri linn cheithir chinn-chinnidh. Cha bu lugha na sin ar smaoin air A' Chlàrsair Dhall; oir chualas pongan a' chruite gu tric anns an àite seo cuideachd, mar a tha e fhèin a' luaidh an "Òran Mòr Mhic Leòid".

Is freagarrach gun tugamaid iomradh an seo air luchd-tadhail ainmeil a chuir seachad oidhche anns an Tùr Shìthe. B' e aon dhiubh sin an t-Ollamh Maclain a bha air chuairt ann an Dùn Bheagain ann an 1773. Cha robh an Sasannach ainmeil e fhèin saor o shaobh-chreideamh an samhlaichean, agus air a' bhonn sin bhiodh annas aige de na sgeulachdan a bhios aig an t-sean mhuinntir mu shìthichean agus nithean eile den t-seòrsa. Ginealach no dhà an dèidh turas Mhiclain thàinig fear-tadhail cliùiteach a Dhùn Bheagain. B' e sin an Ridire Walter Scott, a thug aire shònraichte do na nithean luachmhor anns a' chaisteal, agus do na h-uirsgeoil a tha gan aithris mun timcheall.

Chaidh sochair eile a bhuileachadh oirnn an oidhche sin. Fhuair sinn cothrom is cead pìob-mhòr Mhic Cruimein a thogail air ar gualainn agus àireamh de phuirt Chloinn Mhic Cruimein fhèin a chluich fad dlùth air uair an uaireadair. Cha chualas ceòl na pìoba sin ann an caisteal Dhùn Bheagain o chionn còrr mòr is ceud bliadhna.

(Bho Teisteanas an Fhoghlaim an Alba, Pàipearan Deuchainn Gàidhlig, An Comunn Gàidhealach, 1974, d.136)

### Ceist 1 -

[2 PHUING]

Sna facail agad fhèin, seall, le eisimpleirean, dè tha an t-ùghdar a' smaoineachadh mun chothrom a bhith a' cur oidhche seachad aig Caisteal Dhùn Bheagan.

---

---

---

### Ceist 2 -

[2 PHUING]

Mìnich dè seòrsa seòmair anns an robh an t-ùghdar a' fuireach:

---

---

---

### Ceist 3 -

[2 PHUING]

Thoir sùil a-rithist air paragraf a dhà agus seall, le eisimpleirean, mar a tha an t-ùghdar a' cruthachadh faireachdainn is ìomhaigh an seo agus carson:

---

---

---

### Ceist 4 -

[2 PHUING]

Dè tha an t-ùghdar ag ràdh a bhiodh air còrdadh ris an t-Sasannach ainmeil Maclain agus carson?

---

---

---

### Ceist 5 -

[3 PHUING]

Nad bheachd-sa, carson a thug an t-ùghdar iomradh air sreath de dhaoine ainmeil a thadhail air a' Chaisteal roimhe? Mìnich do bheachd le fianais às an teacsa.

---

---

---

**Leugh**  an earrann a leanas agus freagair na ceistean.

*Read the following passage and the answer questions.*

Tha iarrtas air nochdadh airson 's gun tèid airgead sam bith a thogar le cìs air turasachd air a' Ghàidhealtachd a chosg air eaconomaidh na turasachd a-mhàin.

Tha Comhairle na Gàidhealtachd air a ràdh gu bheil iad taiceil ris a' bheachd, an dèidh do Holyrood cumhachd a thoirt sa Chèitean am-bliadhna do dh'ùghdarrasan ionadail cìs a chur air daoine a chuireas seachad oidhche ann an taighean-òsta, taighean-aigheachd, agus àiteachan-fuirich fèin-fhrithealaidh.

Tha Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid cuideachd a' coimhead ri co-dhiù an cuir iad fhèin leithid de chìs an sàs, agus Comhairle Baile Dhùn Èideann air cead a thoirt do chìs 5% air a leithid sa phrìomh-bhaile air an t-seachdain a chaidh - a' chiad àite an Alba far an cuirear cìs air turasachd.

Thèid an t-airgead a thogar leis a chosg air leasachaidhean a dhèanamh sa bhaile.

Thuirtear Manaidsear Leasachaidh agus Conaltraidh an NC500, Dàibhidh Richardson, gu bheil e cudromach gum bi coimhearsnachdan an sàs ann a bhith a' cumadh leithid de phoileasaidh air a' Ghàidhealtachd.

"Dh'iarramaid-ne gum biodh an t-airgead seo tèarmainnte airson turasachd agus eaconomaidh an luchd-turais, 's gun e a bhith air a chosg air dad eile" thuirt e.

"An cunnart a th' ann, 's e gun tèid a chosg, mar eisimpleir, air na rathaidean, 's an uair sin gun tèid airgead à buidseat nan rathaidean a chosg air rudan eile - bidh e a' cur airgid a th' ann mar-thà a-mach à buidseatan.

"Feumaidh e a bhith a bharrachd air an airgead a th' ann - agus feumaidh e a bhith air a chosg gus an obraich eaconomaidh na turasachd - a tha deatamach dhan Ghàidhealtachd - gun obraich an eaconomaidh sin nas fheàrr dhan a h-uile duine - do choimhearsnachdan 's dhan a h-uile duine, gnothachasan san àireimh.

"Ach tha sinn uile an sàs còmhla, agus feumaidh sinn obrachadh còmhla 'son dèanamh cinnteach gun tachair sin. Sin na dh'iarramaid-ne fhaicinn dha-rìribh."

A rèir rannsachaidh a rinn an NC500 bha mòr-chuid de ghnòthachasan an aghaidh leithid de chìs, 's iad draghail gun toireadh e droch bhuaidh orra.

"Saoilidh mi nach eil mòran de ghnòthachasan ris am bi mise a' bruidhinn idir a' cur fàilte air a' chìs, ach tha gu leòr aca ag aithneachadh gu bheil cruaidh-fheum air in-ionmhas ann an turasachd," thuirt Mgr Richardson.

"Mar sin dheth, dhan aindeoin, tha iad a' gabhail ris gum feum e tachairt.

"Saoilidh mi gur e an argamaid a bhiodh ann, ma tha thu a' dol a chur cìse an sàs, tòisich ìosal, faic ciamar a thèid dhan a sin, agus an uair sin beachdaich air mar a leasaichear e.

"Na bi a' tòiseachadh le cìs àrd. Chan eilear ag iarraidh a bhith a' cluich le rudan.

"Chan eil duine againn a' tuigsinn an rud gu ceart.

"Chan eil fhios aig duine againn - tha sinn ag obair seachad air an eòlas a th' againn.

"Mar sin dheth, tòisicheamaid ìosal 's chì sinn mar a dh'obraicheas e."

**BBC NAIDHEACHDAN: CÌS TURASACHD AIR GHÀIDHEALTACHD: 'COSGAIBH AIR TURASACHD I'**  
**WWW.BBC.CO.UK/NAIDHEACHDAN/SGEULACHDAN/C4GV5YJ23V40**

### **Ceist 1 -**

[2 PHUING]

**Mìnich cò às a thigeadh an t-airgead air a bheilear a' bruidhinn anns a' chiad dà pharagraf:**

---

---

---

---

### **Ceist 2 -**

[2 PHUING]

**Mìnich cò a' chiad bhuidheann a chuireas cìs turasachd an sàs ann an Alba agus dè an ìre aig am bi i:**

---

---

---

### **Ceist 3 -**

[2 PHUING]

**Le fianais, beachdaich air dè thathar a' ciallachadh leis an fhacal '*tèarmainnte*':**

---

---

---

---

#### Ceist 4 -

[4 PHUING]

**Nad bheachd-sa, a bheil an aithris seo cothromach? Cleachd eisimpleirean agus fianais bhon aithris airson do bheachd a mhìneachadh:**

---

---

---

---

#### Ceist 5 -

[2 PHUING]

**A bheil Mgr Richardson den bheachd gun gabh gnothchasan turasachd ri cìs turasachd air a' Ghàidhealtachd? Mìnich dè am moladh a th' aig Mgr Richardson aig deireadh na h-aithrise.**

---

---

---

---

#### Ceist 6 -

[2 PHUING]

**Mìnich carson a tha Mgr Richardson a' smaoinachadh gum bu chòir tòiseachadh le cìs aig ìre ìosal:**

---

---

---

---